

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Creatairean Macmeanmnach a' Chuain (2)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 915. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 611 corresponds to Litir 915.

Bha mi ag innse dhuibh an t-seachdain sa chaith mu chreatairean macmeanmnach na mara – an Cìrean Cròin agus an Cionaran-crò. Tha iad – no bha iad – le chèile uabhasach fhèin mòr. Bha iad cho mòr ’s gun robh iad ag ithe mhucan-mara. Thug mi an rann seo dhuibh|:

*Seachd sgadain sàth bradain,
Seachd bradain sàth ròin,
Seachd ròin sàth muc-mhara bheag,
Seachd mucan-mara beaga, sàth muc-mhara mhòr,
Seachd mucan-mara mòra, sàth Cionarain-crò,
Seachd Cionarain-crò, sàth Mial Mhòr a' Chuain.*

Fhuaireadh cunntas dhen Chionaran-crò bho fhear ann an Nis ann an Leòdhas, Aonghas Gunnach. Ged a bha e ochdad ’s a ceithir bliadhna a dh’aois, bha Aonghas fhathast làidir na cheann ’s na bhodhaig. Fad ùine mhòr, bha e a’ fuireach ann an Rònaigh, eilean beag anns a’ chuan, tuath air Leòdhas. Bha tòrr sgeulachdan aige. Seo agaibh té dhiubh.

O chionn fhada, thàinig Naomh Rònán a Leòdhas airson na daoine a thoirt gu Crìosd. Thog e cealla bheag dha fhèin ann an Eòropaидh far am biodh e ag adhradh agus a’ dùnanamh ùrnaigh. Ach cha robh ùidh aig na daoine anns an obair aige. Bhiodh na fir a’ connsachadh ri chèile mun a h-uile rud agus bhiodh na mnathan a’ connsachadh ri chèile mu ghnothaichean suarach nach b’ fhiach. Bha Rònán troimhe-chèile agus cha b’ urrainn dha an soisgeul a sgaoileadh no eadhon ùrnaighean a dhèanamh dha fhèin.

Bha e a’ fàs **seachd searbh** dhen t-suidheachadh agus rinn e ùrnaigh don Tighearna a bhith air a thoirt air falbh bho mhuinnitir Eòropaïdh. Thàinig aingeal Dhè agus dh’iarr e air Rònán a dhol **a-bhàn don laimrig** far an robh an Cionaran-crò a’ feitheamh ris. Rinn Rònán air an laimrig na dheann. Cha tug e leis ach ‘pollaire’ – *satchel* – leis an Leabhar na bhroinn – am Bìoball, tha mi a’ ciallachadh. Agus an sin bha an Cionaran-crò, le a dhà shùil a’ deàrrsadhar mar rionnagan anns an iarmait.

Chaidh Rònán air muin a’ Chionarain-chrò agus dh’fhalbh e leis ag astar thar na mara os cionn nan stuaghan. Ach cha robh mòran stuaghan ann – bha a’ mhuir iongantach ciùin. Ann am priobadh na sùla ràinig an Cionaran-crò Eilean Rònaigh. Aig an àm sin bha an t-eilean làn nathraighean beumnhach, għribheanan īneach agus leomhann beucach. Seadh – ’s e tèarmann nàdair a bhiodh ann an-diugh, gu cinnteach!

Co-dhiù, cha do mhair na beathaichean annasach sin ann fada. Theich iad ron fhear naomh (gun luaidh air a’ Chionaran-chrò!), agus chaidh iad thar nan creagan chun na mara. ’S e sin a dh’fhàg gu bheil sgrioban air na creagan ann an Rònaigh. ’S iad na creatairean sin

a dh'fhàg na sgrìoban len ìnean, agus iad ann an cabhaig teicheadh. Bha an t-eilean a-nise sìtheil agus thog Rònán cealla ann dha fhèin, far am biodh e ag adhradh ann an sìth.

Gu mì-fhortanach, chan eil an stòiridh ag innse dhuinn dè thachair don Chionaran-chrò. Saoilidh mi gun deach e air ais don chuan mhòr. Agus dè mun chreutair eile anns an rann? *Seachd Cionarain-crò, sàth Mial Mhòr a' Chuain*. Mo chreach – feumaidh gu bheil Mial Mhòr a' Chuain iongantach fhèin mòr is làidir is acrach. 'S dòcha gu bheil e a cheart cho math nach fhaca duine tè dhiubh ann an uisgeachan na h-Alba airson ùine mhòr!

* * * * *

Faclan na Litreach: Aonghas Gunnach: *Angus Gunn*; Rònaigh: *(North) Rona*; ùrnaighean: *prayers*; ciùin: *calm*.

Abairtean na Litreach: mu chreutairean macmeanmnach na mara: *about imaginary maritime creatures*; seachd sgadain sàth bradaidh: *seven herring, a feed for a salmon*; seachd ròin sàth muc-mara bheag: *seven seals, a feed for a small whale*; làidir na cheann 's na bhodhaig: *strong in (his) mind and body*; thàinig Naomh Rònán a Leòdhas airson na daoine a thoirt gu Crìosd: *St Ronan came to Lewis to bring the people to Christ*; thog e cealla bheag dha fhèin ann an Eòropaiddh: *he built a small cell for himself in Eoropie*; bhiodh na mnathan a' connsachadh ri chèile mu ghnothaichean suarach nach b' fhiach: *the women would argue with each other about trifling matters of no account*; cha b' urrainn dha an soisgeul a sgaoileadh: *he couldn't spread the gospel*; rinn e ùrnaigh don Tighearna: *he prayed to the Lord*; le a dhà shùil a' deàrrsadhar mar rionnagan anns an iarmailt: *with its two eyes shining like stars in the heavens*; thar na mara os cionn nan stuaghan: *across the sea above the waves*; ann am priobadh na sùla: *in the wink of an eye*; làn nathraichean beumnach, ghribheanan ìneach agus leomhann beucach: *full of damaging snakes, clawed griffons and roaring lions*; 's e tèarmann nàdair a bhiodh ann an-diugh: *it would be a nature reserve today*; cha do mhair na beathaichean annasach sin ann fada: *those unusual animals didn't last long there*; theich iad ron fhear naomh: *they fled before the holy man*; a dh'fhàg na sgrìoban len ìnean: *who left the scratches with their claws*; ann an cabhaig teicheadh: *in a hurry to flee*; feumaidh gu bheil Mial Mhòr a' Chuain iongantach fhèin mòr: *the Great Leviathan of the Ocean must be incredibly big*.

Puing-chànan na Litreach: a-bhànn don laimrig: *down to the landing place (perhaps a natural rock, or a constructed jetty). You won't hear a-bhànn so commonly today but it is a notable feature of Gaelic in a number of mainland dialects. It involves motion. You can't be a-bhànn, but you can move a-bhànn. Thèid mi a-bhànn don bhaile feasgar 'I'll go down to the village this afternoon'. It usually refers to altitude of position, but can also be used figuratively eg chaidh an càr a chur a-bhànn 'the dog was put down' although this idiom is likely to have its origins in English.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: a' fàs seachd searbh dhen t-suidheachadh: getting **fed up of, disenchanted with**, the situation.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA